

curraicealam airson sàr-mhathais:  
nuadh-chànanan  
prionnsapalan agus cleachdadh

[www.gaidhlig.ltscotland.org.uk](http://www.gaidhlig.ltscotland.org.uk)



# Nuadh-chànanan

## Prionnsapalan agus cleachdadh

### Dè na comasan a bheir ionnsachadh nuadh-chànanan do chlann agus do dhaoine òga?

Tha ionnsachadh chànanan eile a' toirt comas do chlann agus do dhaoine òga ceanglaichean a dhèanamh ri diofar dhaoine agus chultaran agus pàirt nas motha a ghabhail mar shaoranaich san t-saoghal mhòr.

Tha ionnsachadh tro roinn chànanan a' churraicealaim a' toirt cothrom do chlann agus do dhaoine òga:

- fàs nas comasaiche air an smuaintean agus am faireachdainn a chur an cèill agus air dèiligeadh ri daoine
- na h-ìrean àrda a ruighinn ann an sgilean èisteachd, labhairt, leughaidh agus sgrìobhaidh a dh'fheumar airson ionnsachadh, obair agus beatha
- diofar mheadhanan a chleachdadh airson ionnsachadh agus conaltradh èifeachdach
- tuigse chinnteach fhaighinn air mar a tha cànan ag obair, agus an cànan a chleachdadh gu sgileil airson beachdan agus fiosrachadh a thoirt seachad ann am Beurla agus ann an cànanan eile
- an comasan inntinn a neartachadh tro bhith a' ceasnachadh agus a' cur ri an tuigse, agus smaoineachadh cruthachail is breithneachail a chleachdadh airson am beachdan agus an argamaidean a chur ri chèile
- cur ri an tlachd agus an tuigse mun cultar fhèin agus cultaran eile tro litreachas agus tro dhòighean eile air cànan a chleachdadh
- comas fhaighinn ann an diofar chànanan agus an urrainn dhaibh an tuigsinn agus conaltradh annta, agus, airson cuid, sin a bhith a' gabhail a-steach suidheachadh obrach.

*Togail a' Churraicealaim 1*

Tha e gu math na dùthcha gum bi daoine òga air an brosnachadh gus nuadh-chànanan ionnsachadh agus gum bi iad misneachail a thaobh nuadh-chànan a cheachdadh, le na deagh sgilean a tha a dhìth san Roinn Eòrpa ùir agus ann am malairt air feadh an t-saoghail. Tha am frèam seo de dh'èòlasan agus builean ag amas air an fheumalachd nàiseanta seo.

Tro bhith a' planadh raon farsaing is beairteach de ghnìomhan ionnsachaidh ann an nuadh-chànanan airson sgilean litearrachd is cànan a thoirt air adhart, bheir luchd-teagaisg taic do chlann agus do dhaoine òga gu bhith nan:

- **luchd-ionnsachaidh soirbheachail**, as urrainn beachdachadh air mar a thog is a dh'ionnsaich iad an ciad chànan agus mar as urrainn seo an cuideachadh airson cànanan eile ionnsachadh
- **daoine misneachail**, a dh'fhaodas, tro bhith a' faighinn misneachd is taic, eadar-obrachadh le daoine eile ann an suidheachaidhean fìor, bruidhinn mu chuspairean sa bheil ùidh phearsanta aca, agus taisbeanaidhean a thoirt seachad nan cànan ùr
- **luchd-cuideachaidh èifeachdach (com-pàirtichean buadhach)**, as urrainn obair ann an suidheachaidhean leotha fhèin, le companach no ann am buidheann, agus ceangal a stèidheachadh agus a chumail suas ri luchd-labhairt eile sa chànan
- **saoranaich earbsach (chiallach)**, aig a bheil mothachadh, a tha a' sìor fhàs, mu sheòrsa coimhearsnachd eile, agus mu na ceistean a tha mu choinneamh shaoranaich sna dùthchannan far a bheil an cànan ùr aca air a bruidhinn.

Tha comas air cànan a chleachdadh aig cridhe smaoineachaidh agus ionnsachaidh. Tha nàdar eadar-cheangailte ionnsachadh cànan aig cridhe eòlasan agus builean nan nuadh-chànanan.

Mus tòisich iad ag ionnsachadh nuadh-chànan, bidh an cànan(an) dachaigh aig luchd-ionnsachaidh air a thogail a cheana agus bidh iad air tòiseachadh ag ionnsachadh mun Bheurla san sgoil. Tha an dà chuid luchd-teagaisg bun-sgoile agus àrd-sgoile ann an deagh shuidheachadh airson clann agus daoine òga a chuideachadh gus beachdachadh air na tha iad air ionnsachadh a cheana ann am Beurla, agus ann an cànanan eile, san dachaigh no sa choimhearsnachd (mar eisimpleir, mar a bhios iad ag èisteachd, a' bruidhinn, a' leughadh agus a' sgrìobhadh agus mar a thuigeas iad fonaigs), agus air mar a chuidicheas seo iad ag ionnsachadh cànan ùr. Ach tha cànan ùr cuideachd a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh a bhith a' beachdachadh air a' chiad chànan aca agus a bhith a' coimhead airson dòighean sa bheil an ciad agus an dara cànan coltach ri chèile. San dòigh seo, tha cothrom air leth aig luchd-teagaisg nuadh-chànanan, chan e a-mhàin a bhith a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh a' beachdachadh mu na sgilean a dh'fheumar airson cànan ùr ionnsachadh ach cuideachd le bhith gan cuideachadh a' dol thairis a-rithist air ceistean litearrachd nan ciad chànan agus gan toirt air adhart agus gan tuigsinn nas fheàrr.

Tha pàirt a tha sònraichte cudromach aig nuadh-chànanan ann a bhith a' dèanamh clann agus daoine òga mothachail air cultaran, oir tha e a' toirt cothrom dhaibh a bhith a' dèiligeadh ri daoine à diofar chultaran, a' cur ri an tuigse agus an tlachd nan cultar fhèin agus cultaran eile. Tha iad a' cur eòlas air dòighean smaoinneachaidh eile agus a' faighinn sealladh eile air an t-saoghal agus mar sin a' faighinn tuigse nas doimhne air dè tha ann a bhith nad shaoranach gnìomhach.

'S e aon de na prìomh amasan a tha aig teagasg nuadh-chànanan 'comas conaltraidh' dhaoine òga a thoirt air adhart airson gun urrainn dhaibh tlachd fhaighinn às a' chànan agus an cànan a chleachdadh gu h-èifeachdach ann an suidheachaidhean fìor agus airson raon de dh'adhbharan a' buntainn ri saoghal obrach agus saor-ùine rè am beatha.

## **Ciamar a tha frèam nan nuadh-chànan air a chur ri chèile?**

Tha na h-aithrisean tòiseachaidh airson nuadh-chànanan a' togail air trì prìomh amasan mu bhith ag ionnsachadh nuadh-chànanan, a tha a' cuideachadh gu mòr le amasan *Curraicealam airson Sàr-mhathais*: nàdar eadar-cheangailte chànanan, saoranachd gnìomhach agus comas conaltraidh.

Tha eòlasan agus builean nan nuadh-chànan air am mìneachadh aig an dàrna, aig an treas agus aig a' cheathramh ìre. Bu chòir do sgoiltean a thòisicheas nas tràithe na sin obrachadh a dh'ionnsaigh nam builean air a bheil cunntas san dàrna ìre, a' toirt chothroman do chlann a bhrosnaicheas iad gu ruighinn builean an dàrna ìre tràth, ann am pàirt no gu h-iomlan, agus nas fhaide air adhart a bheir barrachd doimhneachd agus farsaingeachd dhan ionnsachadh.

Airson na ceanglaichean eadar ionnsachadh ann am Beurla, Gàidhlig, Gàidhlig agus nuadh-chànanan a dhèanamh soilleir, tha na h-eòlasan agus builean anns na roinnean sin air an cur an òrdugh san aon structar. Is iad na cinn:

- èisteachd agus labhairt
- leughadh
- sgrìobhadh.

Tha eòlasan agus builean fo gach ceann de na trì air am fo-roinn gus sgilean den aon t-seòrsa a thoirt còmhla. Cleachdaidh luchd-teagaisg na loidhnichean leasachaidh sin airson taic a chur ri adhartas agus airson sùil a chumail air adhartas anns gach sgìl thar nan trì ìrean.

Tha an inbhe coileanaidh aig a' cheathramh ìre air a dealbh airson a bhith dlùth air an ìre co-cheangailte ri ìre 4 den SCQF.

## **Dè na dòighean ionnsachaidh is teagaisg a tha feumail ann an nuadh-chànanan?**

### **Ciamar a tha am frèam ag adhartachadh teagasg agus ionnsachadh èifeachdach far a bheil clann a' tòiseachadh ag ionnsachadh nuadh-chànanan ro P6?**

Ged is e P6 an ìre aig an àbhaist do sgoilearan a bhith a' tòiseachadh ag ionnsachadh nuadh-chànanan, bidh mòran chloinne a' tòiseachadh nas tràithe, eadhon aig ìre ro-sgoile. Tha na h-eòlasan agus builean a' gabhail a-steach na diofar ìrean tòiseachaidh.

Aig an ìre thràth agus aig a' chiad ìre, bidh clann a' toirt air adhart sgilean bunaiteach sa chiad chànan aca. Tha sin a' gabhail a-steach gabhail pàirt ann an còmhraidhean, a' toirt air adhart sgilean èisteachd, leughaidh agus sgrìobhaidh, agus eòlas mu chànan. Tha buntanas aig gach aon dhiubh sin ri ionnsachadh chànanan eile. Anns na nuadh-chànanan aig na h-ìrean sin bidh luchd-teagaisg a' togail air mar a tha clann gu nàdarra ag iarraidh, agus a' faighinn tlachd à, bhith a' feuchainn a-mach fhuaimean is fhacail agus a bhith a' dèiligeadh ri daoine. Am measg nan gnìomhan bidh cluich gheamannan, seinn òrain, coileanadh òrdain sìmplidh agus cluich le bàrdachd agus le rannan sìmplidh. San dòigh seo, 's urrainn dhaibh a bhith nan luchd-ionnsachaidh cànan dhùrachdach agus mhisneachail bhon fhìor thoiseach.

Nuair a thòisicheas iad ag ionnsachadh cànan eile, feumaidh clann faireachdainn gu bheil iad a' dèanamh adhartas agus nì iad seo le bhith a' gabhail pàirt ann an gnìomhan practaigeach a tha a' còrdadh riutha. Tha ionnsachadh cànan air àrdachadh gu mòr far a bheil e co-cheangailte ri no air fhighe a-steach sa churraicealam fharsaing air dhòigh is gum faigh clann agus daoine òga tlachd bho bhith a' rannsachadh agus a' cleachdadh cànan ann an suidheachaidhean cumanta. Gu fìor chudromach, faodaidh luchd-teagaisg feum mhòr

a dhèanamh de chothroman gu bhith a' ceangal ionnsachadh cànan ri adhartas ann am Beurla agus ann an cànanan eile a tha air an cleachdadh ann an coimhearsnachd na sgoile. Tha seo a' toirt comas dhan chloinn pàtrain fuaim a rannsachadh agus fheuchainn a-mach, a thuilleadh air a bhith a' dèanamh cheanglaichean agus choimeasan eadar cànanan.

### **Dè tha am frèam a' ciallachadh san fharsaingeachd do luchd-teagaisg?**

Tha ionnsachadh ann an nuadh-chànanan a' toirt chothroman airson suidheachaidhean ionnsachaidh feumail, rianail, tlachdmhor agus soirbheachail a chruthachadh anns a bheil na ceithir eileamaidean a leanas:

- mothachadh air na sgilean a dh'fheumar airson cànan ionnsachadh
- mothachadh air suidheachadh sòisealta, cultarach agus cruinn-eòlasach nan dùthchanann far a bheil cànan sònraichte air a bruidhinn
- eòlas air structaran cànan a leigeas leis an luchd-ionnsachaidh dèanamh cinnteach gu bheil an cànan ceart agus a leigeas leotha cànan ùr a chruthachadh
- comas air conaltradh ann an co-theacsan aig a bheil buntanas rim beatha.

Mar a bhios clann agus daoine òga a' toirt air adhart an sgilean nuadh-chànanach, bidh luchd-teagaisg a' planadh airson co-chothromachadh iomchaidh fhaighinn eadar a bhith a' toirt air adhart an sgilean ionnsachaidh cànan agus an comas sa chànan ùr. Dh'fhaodadh gun adhbhraich seo atharrachadh ann an co-chothromachadh nan ceithir eileamaidean: a' chiad dhà dhiubh sin nas cudromaiche aig toiseach ionnsachadh cànan agus na dhà mu dheireadh nas cudromaiche ann an ionnsachadh cànan nas fhaide air adhart.

Tha nàdar fosgailte nan eòlasan agus nam builean a' toirt cothrom airson a bhith cruthachail agus sùbailte, agus tha iad a' leigeil le luchd-teagaisg bun-sgoile cuimseachadh air leasachadh sgilean a thig gu tuigse nas doimhne gun fheum air cus planaidh a thaobh susbaint/cuspair.

Tha aithrisean nan eòlasan agus nam builean a' toirt taic do luchd-teagaisg bun-sgoile nuair a tha iad a' planadh airson:

- bunait sheasmhach a stèidheachadh airson ionnsachadh nuadh-chànanan fad-beatha
- dèanamh cinnteach gum fairich daoine òga gu bheil iad a' dèanamh adhartas agus gun glèidh iad an ùidh a bha aca sa chànan aig an toiseach
- co-chothromachadh fhaighinn eadar a bhith a' còmhachadh susbaint cànan agus a bhith a' toirt air adhart sgilean ionnsachadh cànan èifeachdach
- bruidhinn air rudan coltach ri chèile agus eadar-dhealaichidhean a thaobh mar a tha sgoilearan air a' chiad chànan no an cànan dachaigh a thogail agus ionnsachadh agus a thaobh na buaidh a tha aig seo air ionnsachadh cànan eile
- daoine òga a bhrosnachadh gus ceistean cultair agus cruinn-eòlais a rannsachadh agus innse mun deidhinn.

Mar a bhios luchd-teagaisg a' cleachdadh nan aithrisean air eòlasan agus builean airson taic a chur rim planadh, ro dheireadh P7 bidh a' mhòr-chuid de chloinn air na sgilean ionnsachadh a dh'fheumar airson:

- taisbeanadh goirid a dhèanamh mun deidhinn fhèin
- pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean simplidh agus ann an toirt seachad fiosrachadh;
- tuigsinn stiùiridhean sa chlas agus fiosrachadh pearsanta
- èisteachd ri, agus tlachd fhaighinn bho sgeulachd, òran no dàn
- teacs simplidh a leughadh a-mach
- teacs goirid a leughadh agus a thuigsinn
- beagan sheantansan a sgrìobhadh mun deidhinn fhèin agus mu dhaoine eile.

Tha am frèam a' cur taic ri luchd-teagaisg àrd-sgoile gu bhith ag obair gu dlùth ri luchd-teagaisg bun-sgoile airson togail air, chan e a-mhàin na thathas air ionnsachadh a cheana ach cuideachd na h-eòlasan ionnsachaidh air am bi clann agus daoine òga a' fàs cleachdte.

Le bhith a' cur phrionnsapalan Measadh airson Ionnsachadh an gnìomh nan seòmraichean teagaisg, bidh luchd-teagaisg a' brosnachadh dhaoine òga gu bhith a' beachdachadh air agus a' gabhail barrachd smachd agus uallaich a thaobh an cuid ionnsachaidh fhèin; nì iad feum de fhèin-mheasadh airson an neartan agus am feuman a chomharrachadh, le fianais on obair, agus ionnsaichidh iad o bheachdan an co-aoisean agus an luchd-teagaisg airson na h-ath cheumannan a phlanadh.

Tha aithrisean nan eòlasan agus builean a' toirt taic do luchd-teagaisg àrd-sgoile fhad 's a bhios iad a' planadh airson:

- co-theacsan brioghmhor is iomchaidh a chur air chois airson ionnsachadh, a' gabhail a-steach cleachdadh iomchaidh air ICT
- pròiseactan eadar-chuspaireil a thoirt air adhart far a bheil sin iomchaidh, airson cur ri ionnsachadh co-obrachail
- na ceanglaichean eadar ionnsachadh agus teagasg nuadh-chànanan agus roinnean eile de ionnsachadh dhaoine òga a dhèanamh soilleir, a' gabhail a-steach foghlam iomairt, foghlam eadar-nàiseanta agus saoranachd
- ìre comais iomchaidh a stèidheachadh a tha dlùth air Ìre 4 den SCQF agus a ghabhas a choileanadh leis a' mhòr-chuid de sgoilearan ro dheireadh ÀS3.

### **Ciamar a tha cleachdadh èifeachdach air teicneòlas fiosrachaidh is conaltraidh (ICT) a' cuideachadh le leasachadh ionnsachaidh is teagaisg?**

Tha an *Curraicealam airson Sàr-mhathais* a' toirt cothrom air leasachadh a dhèanamh air eòlasan ionnsachaidh is teagaisg a tha feumail agus tlachdmhor. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh feum mhath de ICT airson cur ri teagasg is ionnsachadh agus airson co-theacsan a chruthachadh aig a bheil buntanas ri beatha na cloinne agus nan daoine òga agus a bhrosnaicheas agus a chuidicheas iad gus adhbhar fhaicinn airson ionnsachadh cànan. Cuidichidh rannsachadh air-loidhne luchd-teagaisg agus luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' toirt air adhart eòlas agus tuigse agus ùidh sa chultar a tha co-cheangailte ris a' chànan a tha iad ag ionnsachadh, agus leigidh ICT leotha ceangal dìreach a dhèanamh ri daoine air feadh an t-saoghail.

### **Am bi am frèam a' cuideachadh a thaobh dèiligeadh ri feum dhaoine òga air ìre àrd de sgilean ionnsachaidh cànan? A bheil sinn 'ag àrdachadh ìre' a thaobh na tha sinn a' sùileachadh bho ar luchd-ionnsachaidh?**

Gun teagamh, tha sinn ag àrdachadh ar n-amasan, chun na h-ìre gu bheil sinn, gun a bhith a' cur bacadh air adhartas nas àirde, a' sùileachadh gun ruig a' mhòr-chuid de dhaoine òga ìre coileanaidh ro dheireadh ÀS3, anns gach sgil cànan, a bhios dlùth air an ìre coileanaidh co-cheangailte ri Ìre 4 den SCQF. Tha builean na ceathramh ìre a' riochdachadh ìre comais a tha susbainteach agus feumail agus aig a bheil dlùth cheangal ri ìre Cleachadh Bunaiteach air Frèam Iomraidh Choitcheann na h-Eòrpa airson Cànanan (CEFR).

### **Ciamar a tha sinn a' cur taic ri adhartas tro, agus eadar, ìrean?**

Tha eòlasan agus builean airson nuadh-chànanan air am mineachadh aig an dàrna, an treas agus aig a' cheathramh ìre. Tha na builean a' gabhail a-steach ìre comais iomchaidh aig gach ìre ach chan eil iad a' cur bacadh air adhartas seachad air a sin. Tha an raon eòlasan anns an fhrèam a' ceadachadh diofar astair air gluasad air adhart.

Ann am frèam nan nuadh-chànanan bidh daoine òga a' sealltainn an adhartais a tha iad a' dèanamh mar a bhios iad a' gluasad tro na h-ìrean, a thaobh:

- fàs nas neo-eisimeiliche le nas lugha feum air taic, a' gabhail a-steach taic cho-aoisean no luchd-teagaisg agus taic o liostaichean fhacal agus fhaclairean
- teacsaichean agus gnìomhan èisteachd agus leughaidh a tha nas fhaide agus nach eil cho sìmplidh
- freagairtean ann an labhairt agus sgrìobhadh a tha nas fhaide, le nas lugha mhearachdan agus nach eil cho sìmplidh
- raointean ùra cànan, a thaobh susbaint agus cleachdaidh (cànan pearsanta is gnothachail agus cànan co-cheangailte ri saoghal obrach agus ri cultar nan dùthchannan far a bheil an cànan air a bruidhinn)
- fàs mothachail mu riaghailtean cànan, a' gabhail a-steach eòlas air cànan
- barrachd misneachd mu bhith a' gabhail chùisean os làimh (mar eisimpleir, ag iarraidh cuideachadh) agus a' cumail conaltradh a' dol.

### **Cò ris a tha measadh ann an nuadh-chànanan coltach?**

Bidh measadh ann an nuadh-chànanan a' cuimseachadh air adhartas chloinne agus dhaoine òga ann a bhith a' toirt air adhart agus a' cur an cèill sgilean èisteachd, labhairt, leughaidh agus sgrìobhadh.

Faodaidh luchd-teagaisg dearbhadh air adhartas a thional mar phàirt de ionnsachadh bho latha gu latha, nuair a tha clann ag obair còmhla agus nan aonar, mar eisimpleir nuair a bhithear an sàs ann an conaltradh no ann an còmhradh iomchaidh ri co-aoisean agus inbhich mu dhaoine, mu àiteachan agus mu bheatha làitheil àitichean far a bheil an cànan air a bruidhinn. Faodaidh luchd-teagaisg dearbhadh air adhartas a thional tro òraidean, sgrìobhadh agus thaisbeanaidhean, a' cleachdadh ICT mar a bhios iomchaidh. Tha cleachdadh ghnìomhan measaidh gu sònraichte cudromach cuideachd ann a bhith a' measadh adhartas. Bho thòisicheas clann agus daoine òga air nuadh-chànan ionnsachadh, troimhe gu na h-ìrean àrda, bidh iad a' sealltainn adhartas nan sgilean conaltraidh agus ionnsachadh cànan, nan eòlas air structar cànan agus nam mothachadh air cùisean sòisealta, cultarach agus cruinn-eòlasach.

Bu chòir do dhòighean measaidh a bhith a' comharrachadh na h-ìre gun urrainn clann agus daoine òga na sgilean sin a chur gu feum, nan ionnsachadh agus nam beatha làitheil, 's nan ullachadh airson saoghal na h-obrach. Mar eisimpleir:

- Dè cho math 's a tha iad air cur ri deasbadan?
- An ìre gu bheil iad a' fàs comasach air prìomh fhiosrachadh a tharraing à teacsaichean.

Tha measadh ann an nuadh-chànanan a' ciallachadh a bhith a' gabhail beachd air an adhartas a tha clann agus daoine òga a' dèanamh a thaobh leudachadh agus cleachdadh briathrachais, a thaobh an tuigse air an fhacal sgrìobhte agus labhairteach, a thaobh an tuigse air structaran agus riaghailtean cànan, agus a thaobh mar a tha iad a' cur nan rudan sin gu feum gu ceart ann an suidheachaidhean fìor air a bheil, agus air nach eil, iad eòlach: faodaidh sin a bhith a' gabhail a-steach cho-theacsan sòisealta no toirt seachad stiùireadh no treòrachadh. Mar eisimpleir, bidh iad:

- a' dèanamh conaltradh a tha a' sìor-fhàs misneachail, mionaideach agus fileanta
- a' taisbeanadh, tro fhreagairtean, an ùidh agus an dealas airson nuadh-chànanan ionnsachadh agus mar a tha am mothachadh cultarach agus eadar-nàiseanta a' fàs.

Bu chòir do mheasadh a bhith a' toirt àite do ùidh, dealas agus deòin gu bhith a' feuchainn a-mach a' chànan ann an raointean eile den churraicealam agus taobh a-muigh na sgoile. Bidh sin mar chomharra air soirbheachadh fad-amail chloinne agus dhaoine òga mar luchd-ionnsachaidh nuadh-chànanan agus mar shaoranaich an t-saoghail mhòir.

## Dè an ùine a bu chòir do sgoiltean a thoirt do theagasg nuadh-chànanan?

Chan eil ùine shònraichte air a mholadh. 'S ann a tha an cuideam ann an nuadh-chànanan air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil gach neach-ionnsachaidh a' ruighinn ìre iomchaidh comais sa chànan. Tha an ìre comais seo co-cheangailte ri ìre Cleachdadh Bunaiteach den CEFR. 'S e an t-amas nàiseanta gum bi a' mhòr-chuid de dhaoine òga ag ionnsachadh nuadh-chànanan chun na treas ìre mar phàirt de fhoghlam coitcheann. Faodaidh seo a bhith air a dhèanamh ann an diofar dhòighean:

Tha an *Curraicealam airson Sàr-mhathais* a' ceadachadh neo-eisimeileachd agus saorsa phroifeiseanta a thaobh planadh agus liubhart a' churraicealaim ... Tha am frèam a' ceadachadh sùbailteachd a thaobh òrdugh, clàr-ama agus cur an gnìomh nan eòlasan agus nam builean ann an dòighean a tha a' tighinn a rèir feuman an luchd-ionnsachaidh uile, ach a' toirt misneachd dhaibh a thaobh a bhith cunbhalach far a bheil sin riatanach.

Mar thoradh air an t-sùbailteachd sin, bidh pàtran de structaran curraicealaim nas measgaichte ann, airson feuman agus suidheachaidhean ionadail a ghabhail a-steach.

*Togail a' Churraicealaim 3*

## Ceanglaichean ri roinnean eile den churraicealam

Tha prìomh àite aig ionnsachadh nuadh-chànan sam bith ann an leasachadh sgilean litearrachd. Faodaidh e cuideachd cur ri leasachadh sgilean àireamhachd tro, mar eisimpleir, a bhith ag ionnsachadh agus a' rannsachadh mun t-siostam àireamhan a tha air a chleachdadh ann an cànan ùr. Tha ionnsachadh nuadh-chànan a' toirt chothroman airson obair eadar-chuspaireil le bhith a' cur dreach eadar-nàiseanta air measgachadh de roinnean curraicealaim, gu h-àraidh roinnean saoranachd gnìomhach agus mothachadh cultarach. Bidh e cudromach a bhith a' dèanamh ceanglaichean eadar diofar roinnean ionnsachaidh agus a bhith a' dealbh susbaint chùrsaichean airson a bhith a' brosnachadh dhaoine òga gu nuadh-chànan ionnsachadh.

## Ceanglaichean ri frèaman eile airson ionnsachadh cànan

Tha cothrom san fhrèam airson adhartas chloinne agus dhaoine òga a chomharrachadh aig an dàrna, aig an treas agus aig a' cheathramh ìre. Tha an ìre coileanaidh aig a' cheathramh ìre co-ionann san fharsaingeachd ris an ìre co-cheangailte ri Frèam Creideis is Teisteanais na h-Alba (SCQF) aig Ìre 4.

Tha ìrean *Curraicealam airson Sàr-mhathais* air an ceangal ris na h-ìrean a tha gan leasachadh mar phàirt den CEFR, gus am bi an ìre comais a bhios air a ruighinn le luchd-ionnsachaidh co-ionann air feadh na Roinn Eòrpa. Tha an CEFR a' toirt cunntas mionaideach air na rudan a dh'fheumas luchd-ionnsachaidh cànan a dhèanamh gus cànan a chleachdadh airson conaltradh, agus a' mìneachadh nan ìrean comais a leigeas le adhartas luchd-ionnsachaidh a bhith air a thomhas aig gach ìre ionnsachaidh agus fad am beatha.